

Plana Gàidhlig

2023-2028



Tha am plana seo air ullachadh fo Earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 24 Faoilleach 2023.

Facal-toisich

Tha a' Ghàidhlig na so-mhaoin chudromach ann an Alba agus a' solarachadh sònraichteachd an dà chuid aig an taigh agus thall-thairis.

Mar bhuidheann leasachaidh eaconamach nàiseanta na h-Alba, is e an dleastanas againne dèanamh cinnteach gun toir sinn an fheum as fheàrr à so-mhaoinean na h-Alba, gus an urrainn dhuinn còmhla ri com-pàirtichean, cothroman fàis a leasachadh agus a chumail suas do choimhearsnachdan fad' is farsaing air feadh na dùthcha.

Mar sin, tha mi toilichte a' chiad eagra de Phlana Gàidhlig Iomairt na h-Alba a chur an aithne dhuibh. Chaidh a leasachadh gus cur ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023, a tha air fhoillseachadh le Bòrd na Gàidhlig agus a' mìneachadh mar a nì sinn cinnteach à spèis cho-ionann don Ghàidhlig, mar a tha do Bheurla, le bhith a' toirt tairgse ghnìomhach do theachdaichean agus a' taisbeanadh ar lèirsinn fad-amail agus dealas ro-innleachdail don Ghàidhlig.

Aig cridhe ar Plana Gàidhlig, tha ar n-àrd-amas co-cheangailte ri dèanamh cinnteach gu bheil cothroman co-ionann aig ar teachdaichean, luchd-ùidhe agus luchd-obrach uile air comas eaconamach na h-Alba a mheudachadh gu làn-ìre. Cha bhi seo a-mhàin a' cuideachadh leis an fheum as fheàrr a thoirt às an t-so-mhaoin gun choimeas seo, ach a' cuideachadh le taic a chur ri ar n-àrd-amas an lùib dearbhadh gum faod gach neach ann an Alba cur ri agus buannachd fhaotainn bho fhàs eaconamach.

Tha am plana a' làn-co-thaobhadh le leudachd fharsaing ar gnìomhachdan leasachaidh eaconamach a tha ag amas air taic a chur ri ath-shlànachadh eaconamach uaine ùr-nodha, a' togail air iomadachd agus neartan sluagh, àiteachan agus gnothachasan na h-Alba.

Mar a bhios sinn a' foillseachadh a' chiad eagra de ar plana, bidh sinn gu gnìomhach a' togail air obair ar com-pàirtichean air feadh Alba gus cleachdadh a' chànain a mheudachadh le barrachd dhaoine, nas trice agus ann am barrachd shuidheachaidhean agus tha sinn a' coimhead air adhart ris na h-atharrachaidhean deimhinneach a bheir sin gu eaconamaidh na h-Alba agus barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig air an comasachadh gu an sgìlean, eòlas agus dìoghras gun choimeas a chur a dh'ionnsaigh dùthaich shoirbheachail, sheasmhach agus in-ghabhalach.

Adrian Gillespie
CEO Iomairt na h-Alba



Clàr-innse

1. Ro-ràdh.....	4
2. Prìomh phrionnsalan.....	11
3. Dealasan a’ phlana	12
4. Ceanglaichean Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	19
5. Ceanglaichean gu frèaman-obrach ionadail is roinneil.....	19
6. Foillseachadh.....	20
7. Goireasachadh a’ phlana	20
8. Sgrùdadh a’ phlana.....	20
9. Am Plana Gàidhlig san ùghdarras phoblach	21
Eàrr-ràdh 1 – in-sgrùdadh air comas ann an Gàidhlig	22
Eàrr-ràdh 2 – co-chomhairleachadh poblach	24

1. Ro-ràdh

Tuairisgeul air lomairt na h-Alba

Dleastanasan reachdail

Is e Buidheann Poblach Neo-Roinneil gnìomha de Riaghaltas na h-Alba a th' ann an lomairt na h-Alba agus chaidh a stèidheachadh fo Achd na h-Iomairt is Bhailtean Ùra (Alba) 1990. Tha an Achd seo a' mìneachadh prìomh dhleastanasan lomairt na h-Alba mar:

- adhartachadh leasachadh air eaconamaidh na h-Alba – a' gabhail a-steach solarachadh, cumail suas agus dìon cosnadh
- adhartachadh èifeachdas gnìomhachasail na h-Alba agus farpaiseachd eadar-nàiseanta
- adhartachadh leasachadh air àrainneachd na h-Alba, a' gabhail a-steach cur taic ri eadar-ghluasad na h-Alba gu eaconamaidh càrbon ìosal.

Tha dleastanasan lomairt na h-Alba mar a dhearbhas Ministearan na h-Alba fo Earrann 24 den Achd. Tha raon de chumhachdan sònraichte is coitcheann air am mìneachadh gu h-iomlan ann an Earrann 8 den Achd.

Obrachaidhean agus prìomhachasan

Mar bhuidheann leasachaidh eaconamach nàiseanta na h-Alba, is e ceann-uidhe iomlan lomairt na h-Alba tabhartas sònraichte a chur a dh'ionnsaigh lèirsinn Riaghaltas na h-Alba do dh'Alba a choileanadh, mar a tha mìnichte anns an Roinnleachd Nàiseanta do Chruth-atharrachadh Eaconamach.

Ag obair le com-pàirtichean, tha lomairt na h-Alba a' cuideachadh le cothroman a chomharrachadh agus an ùisneachadh do dh'Alba gu eaconamaidh nas fhulangaidhe agus nas soirbheachail a chruthachadh, a' togail àrainneachd gnothachais aig ìre chruinneil far a bheil daoine airson a thighinn a dh'fhuireach, a dh'obair, ionnsachadh agus inbheisteadh – a' cruthachadh agus a' gabhail cothroman obrach math is càileachdail.

Tha cinn-uidhe agus prìomh thargaidean lomairt na h-Alba air an aontachadh taobh a-staigh ar pròiseas planaidh ro-innleachdail. Tha sinn ag obrachadh le ar Bòrd neo-eisimeileach fhìn, ag aithris don Rùnaire Caibineit airson Ionmhas agus an Eaconamaidh taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba.

Tha lomairt na h-Alba ag obair gu dlùth le com-pàirtichean san roinn phoblaich ann an lìbhrigeadh do dh'eaconamaidh na h-Alba, a' gabhail a-steach lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, lomairt Ceann a Deas na h-Alba, Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus Comhairle Maoineachaidh na h-Alba.


Tha lomairt na h-Alba cuideachd ag obair le raon nas fharsainghe de chom-pàirtichean aig ìrean nàiseanta, roinneil agus ionadail, mar eisimpleir, VisitScotland, Banca Inbheistidh Nàiseanta na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Business Gateway, Com-pàirtichean Baile agus Roinneil agus Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd, agus co-thaobhadh air ro-innleachdan is goireasan a dhèanamh tèarainte air cùlaibh nan cothroman ceart.

Tha co-roinn cudromach de ghnìomhachdan lomairt na h-Alba ag obrachadh air feadh Alba air fad, a' gabhail a-steach sgìrean lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Ceann a Deas na h-Alba. Is iad sin:

- seilbheachd a-staigh agus leasachadh margaid thall-thairis tro Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba (ann an co-obrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus lomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean) agus a' gabhail a-steach stiùireadh air an lìonra de dh'oifisean agus luchd-obrach thall-thairis.
- maoinachadh seilbheachd do fhàs airson na margaid seilbheachd aig ìre thràth.
- dèanamh sheirbheisean comhairleachaidh
- Scotland Europa
- Taic do shealbhadair eachd cosnaiche agus do mhodal gnothachais cho-obrachail
- solarachadh goireas conaltraidh le teachdaichean às leth com-pàirtichean iomairt ann an Alba, a' gabhail a-steach including Gateway.

Structar eagrachail

Tha lomairt na h-Alba air a stiùireadh le Àrd-Oifigear a tha na bhall de agus a' comhairleachadh Bòrd de Stiùirichean. Tha sia roinnean, gach aon air a stiùireadh le Àrd-Stiùiriche, cunntachail don CEO, a tha cuideachd na Oifigear Cunntachail don bhuidheann. Tha an structar roinneil air a mhìneachadh san diagram gu h-ìosal:



Tha luchd-obrach lomairt na h-Alba agus àireamhan oifis, còmhla ris a' bhuidseat air an sealltainn san diagram a leanas:

Ar n-ionmhas Geàrr-iomradh Ionmhasail 2021/22

Teachd-a-steach planaichte	2021/22 (£m)	Teachd-a-steach planaichte	2021/22 (£m)
Maoineachadh Riaghaltas na h-Alba		Teachd-a-steach gnothachais eile	
Tabhartas-gus-cuideachadh – Riarachadh goireis (bun-loidhne)	135.1	Maoinean an EU	8.9
Tar-aiseagan sùilichte (lom)	9.5	Cuidhtean Seilbhe	14.5
Tabhartas sùilichte iomlan – Riaghladh Ghoireasan	144.6	Teachd-a-steach Seilbhe	5.1
Tabhartas – Riarachadh calpa (bun-loidhne)	58.3	Teachd-a-steach Gnothachais eile (gun inbheisteadh fàs)	6.9
Tabhartas – Riarachadh calpa (Obraichean Uaine)	8.4	Teachd-a-steach Inbheistidhean Fàs	56.8
Tabhartas - Riarachadh calpa (Ionad Saidheans Ghlaschu)	5.5	<i>de dhiubh:</i>	
Tar-aiseagan sùilichte – Calpa (lom)	41.8	Maoin lasad Alba	3.0
Tabhartas – Eadar-theachdan Ionmhais (Prìomh)	48.8	Epidarex	4.0
Tar-aiseagan sùilichte - Eadar-theachdan Ionmhais -Maoin Inbheistidh Cumhachd (EIF)	5.0	Maoinean eile, le Co-inbheisteadh Alba is Maoin Venture (Falbhan is Teachd-a-steach Eile)	49.0
Tabhartas-gus-Cuideachadh iomlan sùilichte – Riarachadh Calpa is FT	167.8	Teachd-a-steach Maoin Inbheistidh Cumhachd (EIF)	0.8
Maoineachadh iomlan sùilichte Riaghaltas na h-Alba	312.4	Teachd-a-steach Gnothachais iomlan eile	92.2
Teachd-a-steach iomlan			404.6

Luchd-obrach iomlan san Dàmhair 2021 : 1161

- 699 boireann
- 462 fireann
- lomairt na h-Alba: 877 (75.5%)
- Leasachadh Eadar-nàiseanta na h-Alba (SDI) : 284 (24.4%)
- Dachaidheil: 1052
- Thall-thairis: 109
- 5 Ionadan: (Paris, Berlin, A' Bhruiseal, Baile Átha Cliath, Lunnainn)
- 49 oifisean: (thall-thairis, luchd-obrach Lunnainn agus FCO)



Gàidhlig taobh a-staigh lomairt na h-Alba

Chan eil lomairt na h-Alba gu làithreach a' gabhail gnìomhachd sònraichte Gàidhlig os làimh. Ach, tha sinn a' tuigsinn gu bheil Gàidhlig na pàirt chudromaich de dhualchas na h-Alba agus gur e so-mhaoin a th' innte airson luach eaconamach, gu h-àraid ann an roinnean leithid turasachd, biadh is deoch, dualchas agus gnìomhachasan cruthachail.¹

Tha a' bhuidhe eaconamach air a thaisbeanadh o chionn ghoirid le dà mheasadh fa leth air buaidh eaconamach na Gàidhlig, air an gabhail os làimh le Comhairle Baile Ghlaschu² agus MG Alba.³ Chuir Comhairle Baile Ghlaschu dàta ri chèile a bha a' nochdadh buaidh eaconamach tuairmsichte ann an Glaschu de chòrr air 700 obair FTE a bha mar thoradh air a' Ghàidhlig, agus na h-obraichean sin a' solarachadh tuairmse de £21.6 millean GVA do dh'eaconamaidh a' bhaile. Ged a bha an àireamh sa cheud bu mhotha de na h-obraichean sin ann am Foghlam agus Ionnsachadh, bha an tabhartas GVA bu mhotha a' tighinn bho na Gnìomhachasan Cruthachail (gu h-àraid obraichean co-cheangailte ris na meadhanan) a bha cunntachail airson 56% den GVA. Thug sgrùdadh buaidh eaconamach MG Alba air a ghabhail os làimh le Ekos, fa-near am measg nithean eile, cruthachadh air cothroman cosnaidh àrd-luachmhor agus àrd-sgileil air feadh Alba – an dà chuid dìreach agus tro na companaidhean riochdachaidh ris am bi iad a' conaltradh, a' toradh ann an 340 obair FTE agus £17.2 millean GVA.

Tha luach brandd nan companaidhean sin air a bheil ainmean Gàidhlig air leth luachmhor ann am mìneachadh tùs agus ùghdarrachd a' bhathair aca. Mar eisimpleir, tha ceangal soilleir eadar a' Ghàidhlig agus aon de ghnìomhachasan na h-Alba – uisge-beatha. Tha co-dhiù 80 taigh-staile ann an Alba le ainmean Gàidhlig agus tha àite aig an ainm aig teis-madhan eachdraidh agus margaideachd an uisge-bheatha.⁴

A thuilleadh air na coimhearsnachdan Gàidhlig sin agus na margaidean anns a' chòrr de dh'Alba, tha sinn a' tuigsinn gu bheil margaidean eadar-nàiseanta ann airson bathar agus seirbheisean Gàidhlig, gu h-àraid am measg diaspora na h-Alba agus sgaoilte nas fharsainge na dìreach iadsan le Sgilean Gàidhlig. A rèir sin, tha plana lomairt na h-Alba a' tuigsinn feumalachdan taic luchd-labhairt na Gàidhlig gus a bhith comasach air a dhol an sàs gu h-iomlan ann an obair eadar-nàiseanta lomairt na h-Alba.

Gàidhlig ann an Alba

Aig àm cunntas-sluaigh 2011 (as ùire gu làithreach), bha cuid de sgilean Gàidhlig aig 87,100 neach aois trì bliadhna no còrr ann an Alba (1.7% den àireamh-sluaigh). Den 87,100 neach:

- bha làn sgilean ann an Gàidhlig aig 32,400 (37%), 's e sin, le comas Gàidhlig a thuigsinn, a labhairt, a leughadh agus a sgrìobhadh
- 57,600 (66%) le comas air Gàidhlig a labhairt
- 6,100 (7%) le comas air Gàidhlig a leughadh agus/no a sgrìobhadh ach gun chomas labhairt
- 23,400 (27%) comasach air Gàidhlig a thuigsinn ach gun chomas air Gàidhlig a labhairt, a leughadh no a sgrìobhadh.

1. [Gàidhlig mar Sho-mhaoin Eaconamach; Còmhdhail na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Dàmhair 2022](#)

2. [Eaconamaidh Gàidhlig ann an Glaschu, Gearran 2022, A174 Eaconamaidh Gàidhlig ann an Glaschu – Geàrr-iomradh Gnìomha](#)

3. [Luach Eaconamach is Sòisealta MG Alba, Dàmhair 2021, EIA.pdf \(mgalba.com\)](#)

4. [Acadamaidh Uisge-bheatha Dhùn Èideann](#)

Is iad a' Ghàidhealtachd, na h-Eileanan Siar agus Baile-mòr Ghlaschu na sgìreann ùghdarras ionadail leis an àireamh as motha de dhaoine le tomhas de chomas ann an Gàidhlig; le suas ri leth (49%) dhiubh sin le cuid de sgìlean Gàidhlig gu nàiseanta, agus 70.3% de dhaoine a bha a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh, a' còmhnaidh taobh a-staigh nan trì ùghdarrasan ionadail sin. Bha an co-rèir a b' àirde de dhaoine aois trì bliadhna agus còrr le cuid de sgìlean Gàidhlig anns na h-Eileanan Siar (61%), a' Ghàidhealtachd (7%) agus Earra-Ghàidheal is Bòd (6%). Ann am Baile Ghlaschu, ged a tha 1.7% co-ionann ris a' chuibheas nàiseanta, tha e a' riochdachadh dùmhlaich àrd de luchd-labhairt Gàidhlig taobh a-staigh aon àite cruinn-eòlasach.

A' nochdadh na h-ùidh a tha a' fàs (an dà chuid ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta) ann an ionnsachadh na Gàidhlig, tha còrr air millean neach air cùrsa Gàidhlig na h-Alba a ghabhail air an app ionnsachaidh cànan Duolingo. Tha iomlan de 1.12m neach air tòiseachadh ag ionnsachadh a' chànain.

A rèir fhigearan Duolingo, tha 431,000 neach-ionnsachaidh gnìomhach air a' chùrsa gu làithreach.

Dhuibhsan, tha 37% san USA, 25% san RA agus 6% ann an Canada, leis a' chòrr air an sgaoileadh air feadh na cruinne. ⁵

A thuilleadh air sin, tha raon mòr de ghoireasan ionnsachaidh air-loidhne rim faotainn, a' gabhail a-steach tro 'Learn Gaelic' ⁶ agus 'Speak Gaelic', ⁷ a tha a' ceadachadh do gach neach-cleachdaidh fa leth an ìre amais ionnsachaidh agus an astar ionnsachaidh pearsanta a shuidheachadh.

Tha àireamhan de luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a' fàs tro na h-ìrean uile den t-siostam foghlaim sgoile. Tha seo a' gabhail a-steach (sa bhliadhna 2020 – 2021) Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (GME) a bhith mar phàirt de am foghlam sgoile àbhaisteach do 3801 sgoilear bun-sgoile (P1 – P7) agus 1474 sgoilearan àrd-sgoile (ÀS1-ÀS6). Tha solar foghlam Gàidhlig ann an deich ùghdarrasan ionadail aig gach ìre foghlaim bho sgoil-àraich gu sgoilearan àrd-sgoile. ⁸

Tha Gàidhlig cuideachd a' leantainn air adhart le àite làidir tro na h-ealain agus tro chruth-tìre cultarach na h-Alba. Mar eisimpleir, às aonais an tabhartais bho Ghàidhlig, cha bhiodh an aon ìre de bhuidh aig Celtic Connections. Ach tha buaidh na Gàidhlig a' sgaoileadh nas fharsainge, bho Chomainn Ghàidhealach, pìobaireachd agus gnìomhachdan cultarach traidiseanta leithid còisirean Gàidhlig agus am Mòd, troimhe gu còmhlan nuadh-aimsireil mar chòmhlan Alasdair Whyte agus Niteworks, ann an ionadan-cruinneachaidh leithid Barrowlands, Talla Consairt Rìoghail Ghlaschu agus an CCA a bhios a' toirt aoigheachd don iomairt chiùil Ghàidhlig, Ceòl is Craic. Ann an Glaschu, tha daoine òga Ghlaschu air an tarraing gu ealain is cultar na Gàidhlig tro ghnìomhachdan leithid Fèisean, a bhios a' sol seachad air ceòl a-mhàin agus a' gabhail a-steach Camanachd agus dràma.

5. [Duolingo \(24.03.22, Pàipear-naidheachd Herald\)](#)

6. [LearnGaelic](#)

7. [SpeakGaelic](#)

8. [Dàta Foghlam Gàidhlig, 2021](#)

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh agus tro Phàrlamaid na h-Alba le amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla.

Is e aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005, solar a' comasachadh Bòrd na Gàidhlig gu iarrtas a chur air ùghdarrasan poblach gu Plana Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh an solar seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi an roinn phoblach ann an Alba com-pàirteach ann an cruthachadh àm teachdail seasmhach do Ghàidhlig le bhith ag àrdachadh inbhe agus ìomhaigh a' chànain agus cruthachadh chothroman dèanadach airson a cleachdadh.

Tha an làmh-sgrìobhainn seo mar a' chiad eagra de Phlana Gàidhlig Iomairt na h-Alba, air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a bhios sinn a' cleachdadh na Gàidhlig ann an coileanadh ar n-obraichean, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh air a' Ghàidhlig ann a bhith a' conaltradh leis a' phoball agus prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhios sinn ag adhartachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig.

Tha am Plana seo air a dheasachadh ann an co-rèir ri Achd 2005 le làn-àire ga thoirt do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus do Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Iomairt na h-Alba a' cur taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 gum bi "Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean."

Tha sinn dealasach a thaobh an t-amas seo a choileanadh le bhith a' cuimseachadh ar n-obair air na trì cinn seo:

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar buidhne agus brosnachadh barrachd dhaoine gu Gàidhlig a chleachdadh, nas trice nuair a bhios iad ag eadar-chonaltradh leinn.
- Meudachadh a' chothruim do dhaoine air Gàidhlig ionnsachadh mar phàirt de ar n-obrachaidhean làitheil bho latha gu latha.
- Adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig aig gach àm mar phàirt de ar n-obrachaidhean làitheil mar bhuidheann.

In-sgrùdadh air comas Gàidhlig

Mus do sgrìobh sinn a' chiad eagra de Phlana Gàidhlig Iomairt na h-Alba, ghabh sinn suirbhidh cho-obraichean os làimh san Ògmhios 2021, gus na h-ìrean de Ghàidhlig sa bhuidheann a thuigsinn nas fheàrr. B' e amas na suirbhidh tuigsinn cia mhead de ar co-obraichean aig a bheil sgilean Gàidhlig agus am bu thoigh le co-obraichean trèanadh fhaotainn ann an sgilean cànan Gàidhlig. Bha an t-suirbhidh fosgailte airson còrr air aon seachdain agus chaidh a conaltradh do cho-obraichean tro ar sianalan conaltraidh àbhaisteach air an taobh a-staigh.

Ghabh 411 co-obraiche an t-suirbhidh os làimh, mu 35% de cho-obraichean aig Iomairt na h-Alba. Thuirt a' mhòr-chuid de cho-obraichean a chrìochnaich an t-suirbhidh nach robh Gàidhlig aca (95%). Thuirt naoinear cho-obraichean gun robh Gàidhlig aca (2%) agus thuirt 13 cho-obraichean (3%) gun robh iad ag ionnsachadh Gàidhlig gu làithreach.

A' gabhail ri com-pàirt chuibhrichte lomairt na h-Alba le Gàidhlig aig an àm, chaidh faighneachd do cho-obraichean mar phàirt den t-suirbhidh, an robh iad ann an suidheachadh obrach san robh cleachdadh na Gàidhlig na lùib. Thuir 95% nach robh agus 5% ag ràdh gun robh.

Chaidh faighneachd do luchd-freagairt an robh iad a-riamh air còmhraidh ri teachdaichean air an taobh a-muigh no buidhnean com-pàirteachais ann an Gàidhlig. Thuir 98% nach robh agus dìreach 2% ag ràdh gun robh còmhraidhean air a bhith aca ann an Gàidhlig le com-pàirtichean no teachdaichean.

Chaidh faighneachd do cho-obraichean an robh ùidh aca anns na sgilean Gàidhlig aca leasachadh. Bha ùidh mhòr no ùidh meadhanach mòr aig 45% den luchd-freagairt air sin a dhèanamh. Thuir 55% nach robh ùidh sam bith aca.

Leanaidh sinn air adhart a' cumail sùil air sgilean Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' dèiligeadh ri feumalachdan trèanaidh a tha a' fàs am measg ar luchd-obrach, agus gu h-àraid mar a ghabhas iad sin an leasachadh gus cuideachadh le iarrtas sam bith airson seirbheisean ann an Gàidhlig a mhaidseadh.

Co-chomhairle air an dreach Plana Gàidhlig

Air latha foillseachaidh a' cho-chomhairleachaidh (19 Samhain 2021), chaidh àireamh mhòr de phuist-d phearsanta bho àrd luchd-obrach a chur a-mach agus iad a' sireadh fiosrachadh air ais mun phlana againn, agus ag iarraidh far am biodh e buntainneach, mion-fhiosrachadh mun phlana agus mun cho-chomhairleachadh a roinn le co-obraichean, buidhnean com-pàirteachais agus prìomh luchd-conaltraidh bho lìonraidhean air astar.

Chaidh an co-chomhairleachadh a chur air an làraich-lìn againn: www.scottish-enterprise.com

A thuilleadh air sin, chaidh na sianalan mheadhanan sòisealta aig lomairt na h-Alba uile a chleachdadh airson an co-chomhairleachadh a shanasachadh, a' gabhail a-steach litir-naidheachd Find Business Support air 26 Samhain agus air Twitter, LinkedIn is Facebook air 27 Samhain agus 7 is 16 Dùbhlachd.

B' e àireamh ìosal de fhreagairtean a fhuair, agus mar sin cha robh e comasach co-dhùnidhean tèamach sam bith a tharraing. Taobh a-staigh nam freagairtean, ge-tà, bha cuid de bheachdan taiceil agus cuideachail mu thimcheall mar a dh'fhaodadh am plana a bhith air a libhrigeadh, air an gabh sinn cunntas.

2. Prìomh phrionnsapalan

Tha lomairt na h-Alba dealasach do phrìomh phrionnsapalan Plana Nàiseanta na Gàidhlig, a thèid a chur an sàs tarsainn a' phlana again agus tron bhuidheann air fad.

Spèis co-ionann

Fo chumhachan Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair le amas air inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba agus ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla, agus tha am Bòrd mar sin a' sùileachadh gun taisbean ùghdarrasan poblach nam planaichean fhèin mar a thèid am prionnsapal a choileanadh agus a chumail suas ann an da-rìribh.

Nì lomairt na Gàidhlig cinnteach, far a bheil Gàidhlig air a gabhail a-steach mar phàirt de ar n-obrachaidhean agus ar seirbheisean, bidh i de dh'ìre agus de chàileachd co-ionann ris na seirbheisean a thathar a' solarachadh ann am Beurla.

Tairgse ghnìomhach

Bheir lomairt na h-Alba tairgse ghnìomhach de ar seirbheisean Gàidhlig do ar cosnaichean agus don phoball. Bidh seo a' dèanamh cinnteach nuair a tha seirbheisean Gàidhlig sònraichte gan ullachadh leinn, tha luchd-cleachdaidh Gàidhlig gan dèanamh mothachail gu bheil iad ann agus rim faotainn, agus gam brosnachadh gu gnìomhach air an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bho gach neach fa leth a thaobh seirbheis shònraichte iarraidh agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh Gàidhlig fios a bhith aca gun tèid am feumalachdan a choileanadh mas e sin an roghainn.

Nì sinn cinnteach gu bheil ar seirbheisean Gàidhlig cho ruigsinneach ri seirbheisean Beurla.

Prìomh-shruthadh

Is e prìomh amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 gum bi Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean. Gus an t-amas seo a choileanadh, tha àbhaisteachadh agus prìomh-shruthadh na Gàidhlig mar phàirt de inneach làitheil beatha Albannach an latha an-diugh, na phrìomh ghnìomh agus tha ùghdarrasan poblach aig teis-madhan seo.

Bidh lomairt na h-Alba a' dèanamh cinnteach gu bheil iad a' comharrachadh barrachd chothroman don phoball agus don luchd-obrach air Gàidhlig a chleachdadh mar thaic do dh'amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig gus am bi Gàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean.



3. Dealasan a' phlana

Amasan àrd-ìreil

Is iad na h-amasan àrd-ìreil, àireamh bheag de ghnìomhan aig ìre ro-innleachdail air am frèamadh mu thimcheall trì cinn Plana Nàiseanta na Gàidhlig, mar a leanas:

- Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig
- Meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig
- Adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig

Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig

Gnìomhan riatanach	Ceann-là targaid	Oifigear / roinn chunntachail
<p>Amas Àrd-Ìreil 1: Cuiridh lomairt na h-Alba fàilte air fios bho ghnòthachasan a tha a' cleachdadh Gàidhlig mar phàirt den mhodh-obrach aca gus an cuideachadh gu ùr-ghnàthachadh agus sgèile, agus mar thoradh air sin cur ri sunnd nas fheàrr air feadh Alba.</p> <p>Geàrr-iomradh de chleachdadh làithreach. Tha solar cuibhrichte againn gu làithreach.</p>		
Sreath-cinn coitcheann do fhreagairtean puist-d a leasachadh agus a chur an aithne, gus cuideachadh le soilleireachadh gu bheil lomairt na h-Alba a' cur fàilte air fios bho ghnòthachasan a tha a' cleachdadh Gàidhlig [Faic gu h-ìosal – Amas Seirbheis Chorporra: Conaltradh leis a' Phoball (Buil(ean) rùnaichte: Adhartachadh agus Conaltradh Sgrìobhte)]	2023-2024	Cùisean Corporra is Margaideachd
Conaltradh le co-obraichean gus comas a dhearbhadh air ceistean Gàidhlig a sheirbheiseachadh, trèanadh buntainneach a sholarachadh agus pròiseasan riatanach a bhuileachadh, a tha co-rèireach ris na h-ìrean iarrtais a tha an làthair.	2024-2028	HR
Companaidhean às-mhalairt a dhèanamh mothachail do na buannachdan comasach an lùib cleachdadh cànan is cultar na Gàidhlig mar phàirt den USP aca agus den sgeulachd tùis a tha iad a' conaltradh ann am margaideachd am bathar agus an seirbheisean.	Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024	Leasachadh Eadar-nàiseanta
Riarachadh ghoireasan co-rèireach gus taic a chur ri cleachdadh na Gàidhlig ann an Gairmean do phrògraman sònraichte, far a bheil lomairt na h-Alba air modh-obrach a ghabhail stèidhichte air gairmean [Faic gu h-ìosal – Amas Seirbheis Chorporra: Conaltradh leis a' Phoball]	2024-2028	Ùr-ghnàthachadh is Seilbheachd / Prìomh Phròiseactan
Obair le com-pàirtichean gus an t-iarrtas airson agus na slighean teicnigeach rim faotainn a rannsachadh, gus eadar-theangachadh gu goireas Gàidhlig a ghabhail a-steach taobh a-staigh làrach-lìn Find Business Support.	2024	Fàs Gnothachais

Amas Àrd-Ìreil 2: Obraichidh lomairt na h-Alba le com-pàirtichean gus cothroman a thuigsinn agus a chomharrachadh airson Gàidhlig a chur an sàs ann am pròiseactan tar-chom-pàirteach.

Geàrr-iomradh de chleachdadh làithreach. Cleachdadh an-dràsta 's a-rithist.

Obair le com-pàirtichean gus cothroman co-obrachaidh a chomharrachadh, a' gabhail a-steach sireadh eaconamaidhean sgèile far a bheil sin iomchaidh agus toirt an fheum as fheàrr à goireasan tarsainn nan com-pàirtichean a tha an sàs. Bidh seo air a chuideachadh le com-pàirteachadh ann an còmhraidhean sruth-obrach Solar Eaconamaidh is Saothair fo iomairt 'Reat Adhartais nas Luaithe'.	2023-2028	Na Roinnean uile
Ath-sgrùdadh a dhèanamh air ceanglaichean Gàidhlig nam ball aig Prògram GlobalScot agus cothroman a leasachadh gus seilbheachdan a thàladh aig a bheil ceangal ri àiteachan is coimhearsnachdan le Gàidhlig, agus a tha a' co-thaobhadh ri prìomhachasan iomlan lomairt na h-Alba.	2023-2028	International Development

Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig (leantainn)

Gnìomhan riatanach	Ceann-là targaid	Oifigear / roinn chunntachail
<p>Amas Àrd-ìreil 3: Le cuimse lomairt na h-Alba air cuideachadh ghnòthachasan gu ùr-ghnàthachadh is sgèile, bidh tuigse gu bheil comas air Gàidhlig a chleachdadh a' cur taic ri sunnd, cothromachd agus spèis don Ghàidhlig.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Gu làithreach, chan eil sinn a' comharrachadh Gàidhlig gu sònraichte sna planaichean againn.</p>		
Ath-sgrùdadh air mar a tha sinn a' cleachdadh nan sianalan a tha rim faotainn (a' gabhail a-steach làrach-lìn, Twitter, LinkedIn) agus togail air ar dealasan a thaobh Gàidhlig [Faic gu h-ìosal Amas Seirbheis Chorpóra: Fiosrachadh (Buil rùnaichte. Meadhanan Sòisealta)]	Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024	Cùisean Corporra is Margaideachd

Meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig

<p>Amas Àrd-ìreil 1: Gabhaidh lomairt na h-Alba iomairt mothachaidh Gàidhlig os làimh gus luchd-obrach a chuideachadh le dhol an sàs sa chànan agus a cultar co-cheangailte, buannachdan nas fharsainge a' chànan a thuigsinn agus a h-aithneachadh mar sgil luachmhor.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Tha lomairt na h-Alba air conaltradh a thòiseachadh tarsainn na buidhne mus cuirear am Plana Gàidhlig an aithne.</p>		
Conaltraidhean a-staigh a leasachadh agus a bhuileachadh gus co-obraichean a dhol an sàs ann an Gàidhlig, a buannachdan farsaing agus a h-àite ann an Alba.	Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024	Conaltraidhean Chosnaichean
<p>Amas Àrd-ìreil 2: Gabhaidh lomairt na h-Alba mothachadh don Ghàidhlig a-steach do inntigeachd an luchd-obrach.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Tha raointean co-thaobhaidh leis a' Phlana Gàidhlig air an comharrachadh taobh a-staigh Prògram Inntigidh na buidhne, gus dealas don Ghàidhlig adhartachadh barrachd agus mothachadh a thogail am measg cho-obraichean ùra.</p>		
Buileachadh air a' Phrògram Inntigidh ùr, a' gabhail a-steach oideachadh air cosnaichean ùra a thaobh dealasan lomairt na h-Alba fon Phlana Gàidhlig aca [Faic gu h-ìosal Amas Seirbheis Chorpóra: Luchd-obrach (Buil rùnaichte. Inntigeachd)]	Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne, HR
<p>Amas Àrd-ìreil 3: Comharraichidh lomairt na h-Alba feumalachdan Gàidhlig tro phlanaichean leasachaidh pearsanta agus thèid fuasglaidhean a libhrigeadh tro ionad ionnsachaidh Acadamaidh lomairt na h-Alba.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Nochd suirbhìdh luchd-obrach o chionn ghoirid gu bheil àireamh beag de cho-obraichean sa bhuidheann comasach air Gàidhlig a labhairt no ag ionnsachadh Gàidhlig gu làithreach. Dhaingnich an t-suirbhìdh cuideachd gun robh àireamh de luchd-obrach (184) le beagan ùidh no le mòran ùidh ann an sgìlean Gàidhlig a leasachadh.</p>		
Co-obraichean a bhrosnachadh gu trèanadh sam bith ann an Gàidhlig a nochdadh ann an còmhraidhean coileanaidh cunbhalach le Manaidsearan Dhaoine [Faic gu h-ìosal Amas Seirbheis Chorpóra: Luchd-obrach (Buil rùnaichte. Trèanadh cànan)]	2023-2028	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne
Luchd-obrach a bhrosnachadh gu Gàidhlig ionnsachadh air-loidhne mar ghnìomhachd togail sgioba.	Buileachadh a' tòiseachadh 2024-2025	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne

Leantainn.

Adhartachadh ìomhaigh dheimhinneach den Ghàidhlig

Gnìomhan riatanach	Ceann-là targaid	Oifigear / roinn chunntachail
<p>Amas Àrd-Ìreil 1: Bidh lomairt na h-Alba a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach uile a' cur eòlas air a' Phlana Ghàidhlig agus a' tuigsinn an dleastanais reachdail an lùib a ghealltanasan a libhrigeadh.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Tha tuigse chuibhrichte aig co-obraichean mun riatanas reachdail air lomairt na h-Alba gu plana a leasachadh. Tha iad air cothrom fhaighinn an tuigse agus an ùidh ann an leasachadh sgilean Gàidhlig a thaisbeanadh.</p>		
Cleachdadh na Gàidhlig a chur an aithne tarsainn sianalan lomairt na h-Alba, a' gabhail a-steach stuthan margaideachd didseatach Gàidhlig – taidhlichean sòisealta, bhidio, is eile [Faic gu h-ìosal: Amas Seirbheis Chorporra: Fiosrachadh (Buil rùnaichte. Meadhanan Sòisealta)]	2023-2028	Cùisean Corporra is Margaideachd
Pileat de chleachdadh na Gàidhlig aig tachartasan agus co-labhairtean-lìn Scotland Europa, mar eisimpleir, fàilte/fosgladh ann an Gàidhlig gus cleachdadh a' chànain a phrìomh-shruthadh a-steach don obair làitheil againn.	Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024	Scotland Europa
Ainm-sgrìobhte puist-d dà-chànanach coitcheann a leasachadh airson cleachdadh le cosnaichean uile.	2023-2024	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne
Leantainn ag adhartachadh Gàidhlig nar prògram thachartasan cultarach ann an Togalach Alba sa Bhruiseal	2023-2028	Scotland Europa
Ceanglaichean lomairt na h-Alba agus co-obrachadh le Lìonra Co-ionannachd Cànan na h-Eòrpa a dhoimhneachadh gus tuigse nas fheàrr fhaotainn air na poileasaidhean a th' aca nan àite mu thimcheall gach mion-chànan fa leth, agus mar a dh'fhaodas iad sin lomairt na h-Alba a chuideachadh le a phlana fhèin a leasachadh 's a chuideachadh.	Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024	Scotland Europa
Goireasan buntainneach a chomharrachadh agus a ruigsinn taobh a-staigh prògraman maoinachaidh na h-Eòrpa, a dh'fhaodadh taic a thoirt don Ghàidhlig.	2023-2028	Scotland Europa

Amasan seirbheis chorporra

Inbhe

Buil rùnaichte. Suaicheantas agus brandd: Taisbean an suaicheantas is branddadh corporra ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chaid chothrom agus mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith. Bu chòir don t-suaicheantas follaiseachd cho-ionann a nochdadh don dà chànan.

Geàrr-iomradh den chleachdadh làithreach. Pàirt de leasachadh leantainneach air ar stiùiridhean brandaidh.

Dèanamh cinnteach gum bi an suaicheantas corporra agus am branddadh air a thaisbeanadh ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith. Bidh an suaicheantas ùr a' taisbeanadh follaiseachd cho-ionann don dà chànan.	Loidhne-tìm ath-ùrachaidh	Margaideachd – Dealbhadh Grafaigeach
---	---------------------------	--------------------------------------

Buil rùnaichte. Soidhneachd: Bidh soidhneachd fhollaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ath-ùrachaidh sam bith.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Pàirt de chuirtean ath-ùrachaidh sam bith san àm ri teachd air soidhneachd oifisean.

Dèanamh cinnteach gu bheil soidhneachd àrd-bhuadhach iomchaidh air a thaisbeanadh gu dà-chànanach mar phàirt de phròiseas lomairt na h-Alba.	Loidhne-tìm ath-ùrachaidh	Seirbheisean Oifis
--	---------------------------	--------------------

Leantainn.

Conaltradh ris a' Phoball

Gnìomhan riatanach

Ceann-là targaid

Oifigear / roinn chunntachail

Buil rùnaichte. Àrdachadh: Teachdaireachd dheimhinneach gu bheil conaltradh bhon phoball ann an Gàidhlig an-còmhnaidh di-beathte.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Chan eil seo air a bhith na chleachdadh àbhaisteach le lomairt na h-Alba gu ruige seo.

Teachdaireachd dheimhinneach a chur air làrach-lìn lomairt na h-Alba gu bheil conaltradh ann an Gàidhlig an-còmhnaidh di-beathte, agus plana a leasachadh agus a bhuileachadh airson an teachdaireachd seo adhartachadh. Far a bheil e iomchaidh, cleachdaidh sinn am brannd #cleachdi a shealltainn gu bheil fàilte ro luchd-labhairt na Gàidhlig. <https://www.gaidhlig.scot/en/the-cleachdi-initiative/>

Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024

Cùisean Corporra agus Margaideachd

Buil rùnaichte. ConaltradhSgrìobhte: Thathar an-còmhnaidh a' gabhail ri conaltradh sgrìobhte ann an Gàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt ann an Gàidhlig ann an co-rèir ris a' phoileasaidh choitcheann.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Tionndaidhean Gàidhlig gan toirt seachad le an iarraidh, a tha mar an ceudna le cànanan eile.

Ath-sgrùdadh air a' ghoireas 'Cuir Fios Thugainn' tarsainn chonaltraidhean sgrìobhte uile agus dèanamh cinnteach gun cuir e taic ri conaltraidhean ann an Gàidhlig.

Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024

Cùisean Corporra agus Margaideachd

Buil rùnaichte. Fàilteachas agus fòn: Far an urrainn luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, tha iad a' faotainn taic gus sin a dhèanamh, agus tha an t-seirbheis air a h-adhartachadh don phoball.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach: Tha seirbheisean fàilteachais sa mhòr-chuid air an solarachadh le cunnradair bhon taobh a-muigh.

Ann an obraichean solair san àm ri teachd, gabhaidh sinn cunntas air sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas tagraidh.

A rèir clàr-ama solair, bho 2023 agus às a dhèidh.

Seirbheisean Oifis

Buil rùnaichte. Coinneamhan poblach: Tha cothroman air coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig air an rannsachadh agus air an adhartachadh gu cunbhalach.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Chan eil lomairt na h-Alba a' cumail choinneamhan poblach gu cunbhalach.

Thèid pròiseas a stèidheachadh gus dèanamh cinnteach à goireas dà-chànanach aig coinneamhan poblach buntainneach sam bith.

Mar a bhios riatanach rè 2023-28

Cùisean Corporra agus Margaideachd

Leantainn.

Fiosrachadh

Gnìomhan riatanach

Ceann-là targaid

Oifigear / roinn chunntachail

Buil rùnaichte. Brathan naidheachd: Tha brathan naidheachd àrd-ìomhaigheil agus brathan naidheachd uile co-cheangailte ri Gàidhlig rim faotainn ann an Gàidhlig agus Beurla.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Chan eil brathan naidheachd air an cuairteachadh ann an Gàidhlig.

Aithrisean naidheachd àrd-ìomhaigheil gan tairgsinn ann an Gàidhlig.

2023-2028

Cùisean Corporra agus Margaideachd

Buil rùnaichte. Meadhanan Sòisealta: Susbaint Ghàidhlig ga sgaoileadh gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de fhìor luchd-cleachdaidh agus luchd-cleachdaidh san amharc.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Chan eil Gàidhlig gu h-àbhaisteach ga sholarachadh tro shianalan mheadhanan sòisealta ach tha eadar-theangachaidhean rim faotainn le an iarraidh mar a tha le cànanan eile.

Thèid 25 dreuchdan dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin fhoillseachadh gach bliadhna tarsainn raon de dh'àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta.

Buileachadh a' tòiseachadh 2023

Susbaint – meadhanan sòisealta

Buil rùnaichte. Làrach-lìn: Bu chòir do shusbaint a bhith ri faotainn leis a' phoball air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam ga chur air na duilleagan leis a' chomas ruigsinneachd as àirde.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Chan eil seo na chleachdadh làithreach.

Tòiseachadh air susbaint mhaireannach a leasachadh ann an Gàidhlig agus leudachadh air beag air bheag, a' toirt prìomhachas do shusbaint àrd-bhuadhach. Fiosrachadh a leasachadh taobh a-staigh na h-earrainn 'Faighinn Fiosrachaidh' de làrach-lìn Iomairt na h-Alba.

Buileachadh a' tòiseachadh 2023

Susbaint – eadar-lìon

Buil rùnaichte. Foillseachaidhean Corporra: Air an toirt gu buil ann an Gàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan leis a' chomas ruigsinneachd as àirde.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Chan eil seo na chleachdadh làithreach.

A' sireadh co-ionannachd chonaltraidhean eadar Gàidhlig agus Beurla, bidh prìomh eileamaidean de fhoillseachaidhean corporra cudromach rim faotainn ann an Gàidhlig agus tar-sgrìobhaidhean de stuthan eile rim faotainn le an iarraidh ann an co-rèir ri ar modh-obrach le cànanan eile.

2023-2028

Margaideachd - Susbaint

Buil rùnaichte. Goireas cànan: Tha pròiseas na àite gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd air Gàidhlig àrd ann am fiosrachadh corporra uile.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Chan eil seo buntainneach gu làithreach.

Pròiseas a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd air Gàidhlig àrd ann am fiosrachadh corporra uile.

Buileachadh a' tòiseachadh 2024-2025

Cùisean Corporra agus Margaideachd

Buil rùnaichte. Taisbeanaidhean: Bu chòir do chothroman air taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig a bhith air an rannsachadh gu cunbhalach, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan leis a' chomas buaidh as àirde.

Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Tha tar-sgrìobhaidhean rim faotainn le an iarraidh.

Ag obair le com-pàirtichean, ath-sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh an àrainneachd dhìseatach bhìortail làithreach cothrom a thoirt air taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig, a' gabhail a-steach m.e. co-labhairtean lìn.

2023-2028

Margaideachd - Susbaint

Leantainn.

Luchd-obrach

Gnìomhan riatanach	Ceann-là targaid	Oifigear / roinn chunntachail
<p>Buil rùnaichte. In-sgrùdadh: In-sgrùdadh air sgilean Gàidhlig is feumalachdan trèanaidh a choileanadh tro bheatha gach plana.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Crìochnaichte – Suirbhìdh crìochnaichte san Ògmhios 2021.</p>		
<p>Raon-ama air ath-shuirbhìdh aontachadh.</p> <p>Bidh ath-sgrùdaidhean cunbhalach gan gabhail os làimh gus an àireamh de dhaoine a' leasachadh an Sgìlean Gàidhlig a sgrùdadh. Tha sinn a' sùileachadh adhartachadh cunbhalach air trèanadh Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil co-obraichean gan cuimhneachadh mu na cothroman leantainneach air sgilean Gàidhlig a leasachadh.</p>	Q2 2025	Conaltraidhean Chosnaichean; Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne
<p>Buil rùnaichte. Inntrigeadh: Eòlas air Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich air a ghabhail a-steach do inntrigidhean luchd-obrach.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Tha am Prògram Inntrigidh làithreach ga ath-sgrùdadh agus ga ath-dhealbhadh. Tha planaichean san amharc gus am Plana Gàidhlig adhartachadh do chosnaichean ùra, còmhla ri solar air tairgse e-ionnsachadh san amharc gus cothrom a sholarachadh air sgilean Gàidhlig.</p>		
<p>Am Plana Gàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt den Phrògram Inntrigidh gus dèanamh cinnteach gu bheil co-obraichean uile air an comharrachadh le feum aca air eòlas a chur air a' phlana.</p>	2023-2028	HR, Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne
<p>Buil rùnaichte. Trèanadh cànan: Trèanadh is leasachadh sgìlean Gàidhlig gan tabhann do luchd-obrach, gu h-àraid a thaobh buileachadh air Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Gu làithreach, tha co-obraichean comasach air trèanadh ann an sgìlean Gàidhlig iarraidh tron Iartras Ionnsachaidh Phearsanta a tha an làthair mar agus nuair a tha e riatanach.</p>		
<p>Bheir SE trèanadh ann an sgìlean Gàidhlig a-steach don phrògram trèanaidh luchd-obrach agus bheirear taic ghnìomhach agus brosnachadh do luchd-obrach gu sgìlean Gàidhlig fhaotainn agus a mheudachadh mar aithne do inbhe oifigeil agus an luach ri obair Iomairt na h-Alba.</p>	Buileachadh a' tòiseachadh 2023-2024	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne, HR
<p>Buil rùnaichte. Trèanadh mothachaidh: Trèanadh mothachaidh ga thabhann do luchd-obrach, le prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill bùird agus luchd-obrach a' dèiligeadh gu dìreach ris a' phoball.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Aig an àm seo, tha am Buidheann Obrach Plana Gàidhlig a' solarachadh fiosrachadh buntainneach mu chùl-fhiosrachadh ar plana agus ar gealltanais a tha riatanach.</p>		
<p>Thèid trèanadh ann am Mothachadh Gàidhlig a thabhann do luchd-obrach, a' gabhail a-steach àrd-stiùirichean agus sgiobaidhean ceannardais.</p>	2023-2028	Sgioba Leasachaidh Dhaoine is Buidhne, HR
<p>Buil rùnaichte. Trusadh: Toirt aithne agus spèis do sgìlean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseis trusaidh air feadh an ùghdarras phoblaich.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Faodaidh seo a dheasbad le ball den Sgioba HR a thaobh riatanasan dreuchdail sònraichte sam bith.</p>		
<p>Beachdachadh air an ìre de sgìlean Gàidhlig ann an trusadh gu dreuchdan sònraichte agus air an gabhail a-steach do na sanasan obrach mar a bhios riatanach.</p>	2023-2028	HR

Leantainn.

Luchd-obrach (leantainn)

Gnìomhan riatanach	Ceann-là targaid	Oifigear / roinn chunntachail
<p>Buil rùnaichte. Trusadh: Gàidhlig air ainmeachadh mar riatanach agus / no mar sgil ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am Plana Gàidhlig a lìbhrigeadh ann an co-rèir ri comhairle trusaidh Bhòrd na Gàidhlig.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Faodaidh seo a dheasbad le ball den Sgioba HR a thaobh riatanasan dreuchdail sònraichte sam bith.</p>		
Thèid beachdachadh air dreuchdan agus a bheil Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte.	2023-2028	HR
<p>Buil rùnaichte. Trusadh: Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin do dhreuchdan uile far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Faodaidh seo a dheasbad le ball den Sgioba HR a thaobh riatanasan dreuchdail sònraichte sam bith.</p>		
Thèid dèiligeadh ri seo air bhunait ad hoc far a bheil Gàidhlig air aithris mar sgil riatanach a thaobh dreuchd shònraichte.	2023-2028	HR
Bidh lomairt na h-Alba a' gabhail a-steach aithris na stuthan trusaidh air-loidhne gu bheil fàilte ro thagraichean bho luchd-labhairt Gàidhlig.	2023-2028	HR
<p>Corpas na Gàidhlig</p> <p>Buil rùnaichte. Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig: Thèid Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire a leantainn a thaobh stuthan sgrìobhte uile a tha air an toradh leis an ùghdarras phoblach.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Gu ruige seo, chan eil feum sònraichte air a bhith aig lomairt na h-Alba gu Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig a chleachdadh.</p>		
Sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodas lomairt na h-Alba an cleachdadh as fheàrr a chur an gnìomh a thaobh Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig.	2023-2028	Conaltraidhean is Margaideachd
<p>Buil rùnaichte. Ainmean-àite: Thathar a' sireadh 's a' cleachdadh comhairle mu ainmean-àite bho Ainmean-Àite na h-Alba.</p> <p>Geàrr-iomradh air cleachdadh làithreach. Gu ruige seo tha aon oifis, Taigh Apex ann an Dùn Èideann, air ainmean-àite Gàidhlig a ghabhail a-steach.</p>		
Sgrùdadh a dhèanamh air mar as fheàrr a dh'fhaodas lomairt na h-Alba gnàthasan Ainmean Àite na h-Alba a leantainn.	2023-2028	Conaltraidhean is Margaideachd

4. Ceanglaichean Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta

Tha am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta airson Alba air fad. Is e as adhbhar dha:

- dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh
- cothroman a thoirt do dhaoine uile a tha a' còmhnaidh ann an Alba
- sunnd dhaoine a tha a' còmhnaidh ann an Alba a mheudachadh
- fàs seasmhach agus in-ghabhalach a chruthachadh
- neo-ionannachdan a lùghdachadh agus cudromachd co-ionann a thoirt do dh'adhartas eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta

Tha na gealltanasan anns a' chiad eagraan de Phlana Gàidhlig Iomairt na h-Alba nan laighe aig cridhe nam prìomhachasan aig an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta. Mar eisimpleir:

- Tro ar gnìomhachdan, le togail a dhèanamh air na h-àireamhan agus comasan luchd-obrach a thaobh an cuid cleachdaidh air Gàidhlig nan obair, bidh barrachd leud agus doimhneachd goireis againn gus taic a thoirt do luchd-cleachdaidh Gàidhlig air ar seirbheisean agus an ruighinn, mar sin a' cuideachadh le sunnd dhaoine a' còmhnaidh ann an Alba a mheudachadh.
- Tro ar n-aithneachadh do luach na Gàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach a dh'fhaodadh sìor chur ri ar n-obair eadar-nàiseanta, a' gabhail a-steach mar a tha Alba air a faicinn ann an suidheachadh cruinneil, bhiodh sinn a' cur ris a' cheann-uidhe air dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh.
- Le bhith a' cur fàilte air fios bho ghnothachasan a dh'fhaodadh a bhith airson conaltradh ri Iomairt na h-Alba ann an Gàidhlig, bidh sinn ag ìsleachadh bhacaidhean air ruigsinneachd gu ar seirbheisean agus a' cuideachadh le neo-ionannachdan a lùghdachadh air feadh Alba.

Gheibhear làn fhiosrachadh mun Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta aig <https://nationalperformance.gov.scot/>

5. Ceanglaichean gu frèaman-obrach ionadail is roinneil

Tha Iomairt na h-Alba a' tuigsinn àrd-amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig ann an coileanadh buaidh thionalach air feadh Alba tro nan diofar Phlanaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan poblach. Ann an co-rèir ri sin, bidh Iomairt na h-Alba mothachail do shireadh cothroman gus gnìomhachdan buntainneach a cho-thaobhadh anns a' phlana aca leothasan aig ùghdarrasan poblach eile, ach cuideachd le cothroman a dh'fhaodadh èirigh tro bhith an lùib Chom-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd no gnìomhachdan planaidh Roinneil.

6. Foillseachadh

Foillseachadh agus follaiseachadh a' Phlana

A-staigh

Thèid plana chonaltraidhean a-staigh a leasachadh gus mothachadh a thogail don chiad eagraan de ar Plana Gàidhlig, mar a libhrigeas sinn e agus mar as urrainn do choobraichean a bhith an sàs ann.

Bheir seo mion-fhiosrachadh seachad air mar a bheir lomairt na h-Alba fios mun Phlana Ghàidhlig do luchd-obrach agus luchd-ùidhe air an taobh a-staigh aig gach ìre den bhuidheann, an t-uallach a bhios orra a thaobh libhrigeadh a' Phlana agus na cothroman a tha an làthair gus Gàidhlig a chleachdadh agus / no an sgilean a leasachadh.

A-muigh

Bidh a' chiad eagraan de Phlana Gàidhlig lomairt na h-Alba air fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus Beurla air an làraich-lìn againn. A thuilleadh air sin:

- follaisichidh sinn am plana tro mheasgachadh de dh'àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta.
- thèid lethbhreacan a sgaoileadh gu buidhnean leth-eisimeileach agus buidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mìneachadh am pàirt ann an libhrigeadh a' phlana.
- sgaoilear leth-bhreacan den phlana gu prìomh luchd-ùidhe san roinn phoblaich, phrìobhaidich agus treas roinne.
- lethbhreacan den phlana a sgaoileadh gu buidhnean Gàidhlig buntainneach agus buidhnean eile le ùidh.
- bidh lethbhreacan pàipeir rim faotainn le an iarraidh.

7. Goireasachadh a' phlana

Bidh na gealltanasan anns a' chiad eagraan seo den Phlana Ghàidhlig air an goireasachadh le lomairt na h-Alba, bidh na cosgaisean air am prìomh-shruthadh taobh a-staigh nam buidseatan làithreach agus / no mar phàirt de phròiseasan ath-ùrachaidh leantainneach.

8. Sgrùdadh a' phlana

Cuiridh lomairt na h-Alba aithisg adhartais bhliadhnail ri chèile a chuirear gu Bòrd na Gàidhlig agus a bhios ri faotainn leis a' phoball.



9. Am Plana Gàidhlig san ùghdarras phoblach

Uallach iomlan don phlana

Tha uallach iomlan airson Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba a dheasachadh, a lìbhrigeadh agus a sgrùdadh air Àrd-Oifigear Iomairt na h-Alba. Faodar fios a chur thuca mar a leanas:

Adrian Gillespie

Àrd-Oifigear

CEO@scotent.co.uk

Uallach don phlana bho latha gu latha

Tha uallach obrachail airson Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba a lìbhrigeadh agus a sgrùdadh aig Ceannard nan Seirbheisean Ro-innleachdail. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana a chur gu:

Susan Moore

Roinn Ro-innleachd, Lìonraidhean is In-sheallaidhean

T: 0300 013 3385

Susan.Moore@scotent.co.uk

Buidheann buileachaidh is sgrùdaidh na Gàidhlig

Thèid uallach a chur air prìomh bhuidheann de riochdairean bho dhiofar roinnean air feadh na buidhne, a' gabhail a-steach co-dhiù aon riochdaire bho HR, airson adhartas a' chiad eagrain den Phlan Ghàidhlig a leantainn agus aithris air. Coinnichidh am buidheann seo dà uair sa bhliadhna aig a' char as lugha, le ball bho Buidheann Ceannardais Iomairt na h-Alba sa chathair, a' cuideachadh leis a' phlana fhisge a-steach air feadh na buidhne.

Conaltradh le luchd-obrach

Chaidh suirbhidh den luchd-obrach uile a ghabhail os làimh aig toiseach na h-obrach againn a thaobh Plana Gàidhlig a chruthachadh ann an Iomairt na h-Alba, a thug an ìre de luchd-labhairt Gàidhlig sa bhuidheann am follais agus an àireamh de cho-obraichean le ùidh ann an ionnsachadh a' chànain. Thug seo dhuinn bun-loidhne tòiseachaidh agus chomharraich luchd-obrach iad fhèin cuideachd gus comasachadh dhuinn conaltradh riutha ma bha iad air sealltainn gun robh iad airson trèanadh sa chànan Ghàidhlig.

Gus a dhol leis a' chiad eagrain den Phlana Ghàidhlig, tha sinn air plana chonaltraidhean a-staigh a sgrìobhadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil sinn gu cunbhalach a' conaltradh le co-obraichean a thaobh an dleastanasan co-cheangailte ri buileachadh is sgrùdadh a' phlana.

Buidhnean leth-eisimeileach agus treas phàrtaidhean

Ann an tairgsean obrach, iarraidh sinn air cunnraidhean treas phàrtaidh beachdachadh gu dligheach air cleachdadh na Gàidhlig agus mar as urrainn dhaibh cur ri fallaineachd a' chànain san àm ri teachd. Gus cuideachadh leis an seo, beachdaichidh Iomairt na h-Alba cuideachd air notaichean stiùiridh a sholarachadh do threas phàrtaidhean.

Eàrr-ràdh 1 – in-sgrùdadh air comas ann an Gàidhlig

Toraidhean Suirbhidh Plana Gàidhlig - 16 Ògmhios 2021

Tha a' Ghàidhlig mar phàirt bhunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha sinn a' tuigsinn ma tha a' Ghàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh ann an Alba, feumaidh oidhirp cho-òrdanaichte a thighinn bhon riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, gu:

- cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh;
- ionnsachadh na Gàidhlig a mheudachadh;
- a h-adhartachadh barrachd tro eadar-chonaltradh le gnothachasan, teachdaichean agus ar luchd-ùidhe air feadh Alba agus an t-saoghail;
- tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na so-mhaoin eaconamach bho am faod eaconamaidh Alba buannachd fhaotainn.

Mar a tha sinn a' tòiseachadh a' dreachadh a' chiad eagrain de Phlana Gàidhlig Iomairt na h-Alba, tha e cudromach gun tuig sinn bho cho-obraichean cia mheud againn aig a bheil sgilean Gàidhlig, agus a bheil miann aig co-obraichean air Gàidhlig ionnsachadh aig Iomairt na h-Alba.

Dh'ullaich sinn suirbhidh ghoirid gus tuigse nas fheàrr a thoirt dhuinn de na h-ìrean de Ghàidhlig aig Iomairt na h-Alba. **Fhuair 411 freagairt don t-suirbhidh seo.**

Q1. A bheil Gàidhlig agad?



389  Chan eil

9  Tha

13  Ag ionnsachadh

1a. Thoir beachd dhuinn air do thuigse don Ghàidhlig?

119 Cuibhrichte

5 Meadhanach

0 Fileanta

1b. Ciamar a tha do Ghàidhlig labhairte?

107 Cuibhrichte

4 Meadhanach

0 Fileanta

1c. Dè an comas a th' agad ann an leughadh Gàidhlig?

108 Cuibhrichte

3 Meadhanach

0 Fileanta

1d. Ciamar a tha do chomas ann an sgrìobhadh Gàidhlig?

110 Cuibhrichte


2 Meadhanach

0 Fileanta


Q2. An robh thu a-riamh ann an suidheachadh obrach san robh cleachdadh air a' Ghàidhlig (fiù ged nach eil sgilean Gàidhlig agad no sgilean cuibhrichte)



Q3. An robh thu a-riamh a' labhairt ri luchd-ceannach no buidhnean com-pàirteachais air an taobh a-muigh ann an Gàidhlig? (fiù ged nach eil sgilean Gàidhlig agad no sgilean cuibhrichte)



Q4. A bheil ùidh agad ann do sgilean Gàidhlig a leasachadh aig lomairt na h-Alba ?



Thàinig na freagairtean don t-suirbhidh bho raon farsaing de raointean gnothachais.

Aig àm na suirbhidh, cha robh lomairt na h-Alba air dreuchdan a chomharrachadh far an robh Gàidhlig na sgil obrach riatanach no ion-mhiannaichte. Cha mhotha a bha seirbheisean no pròiseasan a-staigh a bha air an coileanadh tro mheadhan na

Eàrr-ràdh 2 – co-chomhairleachadh poblach

Conaltradh le luchd-ùidhe

Mus deach an co-chomhairleachadh air dreach a' chiad eagrain de ar Plana Gàidhlig a chur air bhog, bha còmhraidhean againn le co-obraichean ann an Aonad Ghàidhlig Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus Leasachadh Sgìlean an h-Alba, gus ionnsachadh bho an eòlasan agus gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' ruighinn iadsan uile aig a bheil ùidh sa phlana againn.

Chuidich na còmhraidhean sinn gu liosta de luchd-conaltraidh a tharraing còmhla bho na buidhnean luchd-ùidhe as buntainniche, a tha a' gabhail a-steach buidheann Thar-Phàrtaidh na Gàidhlig aig Pàrlamaid na h-Alba (CPG), buidhnean gnothachais agus ùghdarrasan poblach a thuilleadh air ar dlùth-bhuidhnean. On a chaidh co-chomhairleachadh air an dreach plana a chur air bhog, tha sinn air seisean/ùrachadh fiosrachaidh a sholarachadh mun phlana don CPG.

Air madainn foillseachaidh ar co-chomhairleachaidh (19 Samhain 2021), chuir sinn a-mach 55 puist-d pearsanta bho ar àrd-luchd-obrach ag iarraidh fiosrachadh-air-ais mun phlana agus far an robh e buntainneach, ag iarraidh mion-fhiosrachadh mun phlana agus co-chomhairleachadh ri roinn le co-obraichean, buidhnean ballrachd agus prìomh luchd-conaltraidh bho lìonraidhean farsaing.

Meadhanan sòisealta

A thuilleadh air sin, chaidh sianalan mheadhanan sòisealta Iomairt na h-Alba a chleachdadh gu farsaing gus an co-chomhairleachadh a shanasachadh, a' gabhail a-steach litir-naidheachd Find Business Support air 26 Samhain agus tro Twitter, LinkedIn agus Facebook, air 27 Samhain agus 7 is 16 Dùbhlachd.

Chaidh an co-chomhairleachadh a chur air an làraich-lìn againn:

www.scottish-enterprise.com

Toraidhean a' cho-chomhairleachaidh

A thuilleadh air puist-d air an cur dìreach gu prìomh luchd-ùidhe, tha staitistigean air an cur ri chèile tarsainn sianalan mheadhanan sòisealta uile a' taisbeanadh gu bheil timcheall air deich mìle (10k) neach air na puist fhaicinn. A barrachd air sin, tha liosta fo-sgrìobhadairean de 11k aig litir-naidheachd Find Business Support. Mar sin, bidh an dreach plana air fhaicinn le àireamh chudromach de dhaoine.

Tha ceithir freagairtean air a thighinn don cho-chomhairleachadh.

On a bha an àireamh de fhreagairtean ìosal, cha robh e comasach a thighinn gu co-dhùnadh tèamach sònraichte sam bith.

Ach thug aon neach-freagairt seachad àireamh de mholaidhean cuideachail, airson beachdachadh air ann an lìbhrigeadh a' phlana. Ann an geàrr-iomradh orra:

- Tha am plana air leth farsaing agus furasta a leantainn. Bha na h-earrannan a' cur cuideam air 'tairgse ghnìomhach' mu fhaotainneachd Ghàidhlig air leth deimhinneach agus brosnachail don phoball gus na seirbheisean sin a chleachdadh, a thuilleadh air a bhith gan dèanamh mothachail gum faod iad a dhol an sàs ann an Gàidhlig, mas math leotha.

- A thuilleadh air co-obraichean a stiùireadh a dh'ionnsaigh ghoireasan agus chùrsaichean pàighte, agus a' comasachadh an com-pàirteachadh anns na cùrsaichean sin, dh'fhaodadh gum b' fhiach liosta de ghoireasan ruigsinneach an-asgaidh a tharraing còmhla do cho-obraichean leis am bu thoigh feuchainn air beagan Gàidhlig ionnsachadh, ach às aonais gealltanais a thaobh cùrsa air-loidhne no clas Gàidhlig pearsanta (mar eisimpleir, Duolingo, no na goireasan ùra SpeakGaelic bho MG Alba).
 - A thaobh a' ghealltanais ùir cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig le litreachadh na Gàidhlig, dh'fhaodadh gum b' fhiach a thoirt fa-near gum bi luchd-labhairt Gàidhlig a dh'ionnsaich air Gàidhlig a sgrìobhadh agus a leughadh mus deach co-dhùnadh air na gnàthachasan ann an 2008, cleachdte ri diofar litreachaidh taobh a-muigh iadsan anns an sgrìobhainn Gnàthachasan Litreachaidh. Chan eil an litreachadh seo ceàrr, tha iad dìreach mar sheann litreachadh a tha diofraichte. Tha iad freagarrach gu leòr airson puist-d agus puist mheadhanan sòisealta, a tha nas neo-fhoirmeile, ma tha an sgrìobhadair Gàidhlig nas cofhurtaile le litreachadh eile (agus cumanta san fharsaingeachd) air cuid de fhacail.
-

Plana Gàidhlig

2023-2028